



Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig, tha e deatamach gu bheil sibh a' toirt aithne don taic sin tron phròiseact agaibh.

Leis gu bheil Bòrd na Gàidhlig air a mhaoineachadh gu tur le airgead poblach, tha còir aig a' phoball faicinn mar a tha an t-airgead sin air a chosg, agus mar sin tha aithneachadh an taic-airgid againne gu math cudromach.

Gu simplidh, air sanasachd sam bith ri linn a' phròiseict bu chòir dhuibh cleachdadh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig agus/no an abairt "Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig / With support from Bòrd na Gàidhlig". Bu chòir an abairt a bhith a' nochdadh ann an Gàidhlig a-mhàin no sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Tha an stiùireadh seo ann gus taic a chur ribh ann a bhith ag aithneachadh taic-airgid bhuainn ann an dòigh iomchaidh agus èifeachdach agus airson stiùir a thoirt dhuibh air na tha sinn a' sùileachadh bhuaibh.

## Cleachdadh Suaicheantais

'S e an dòigh as fheàrr is as fhasa taic-airgid a' Bhùird aithneachadh ar suaicheantas a chleachdadh air an t-sanasachd agaibh.

Faodaidh sibh an logo againn fhaighinn an seo ann an diofar chruthan. Ma tha ceistean sam bith agaibh ma dheidhinn nach leig sibh fios dhuinn?

Bu chòir an suaicheantas a nochdadh gu h-iomlan agus ann an riochd dìreach. Cha bu chòir gum biodh e air a dhèanamh nas motha no nas lugha.

Cha bu chòir suaicheantas buidhne-taic sam bith eile ann an sanas a bhith nas àirde na suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig.

## Stiùireadh Aithneachaidh Bhòrd na Gàidhlig

### Bòrd na Gàidhlig Acknowledgement Guidance

If you receive funding from Bòrd na Gàidhlig, it is essential that you acknowledge that support through your project.

As Bòrd na Gàidhlig is funded entirely by public money, the public have a right to see how that money is spent, so acknowledging our funding is very important.

In simple terms, on any advertising during the project you should use the Bòrd na Gàidhlig logo and / or the phrase "Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig / With support from Bòrd na Gàidhlig". The phrase should appear in Gaelic only or in both Gaelic and English.

This guidance is designed to support you in acknowledging our support appropriately and effectively and to provide a guide as to what we expect from you.

## Using the Logo

The best and easiest way to acknowledge the Bòrd's support is to use our logo on your advertisements.

Our logo can be downloaded here in various formats. If you have any questions about it please let us know.

When using the logo should appear in its entirety and in a vertical format. It should not be compressed or resized.

The logo of any other funding partner in an advertisement should not be taller than that of Bòrd na Gàidhlig.

## Làrach-lìn

Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid mar bhuidheann chom-pàirteach lìbhrigidh no airgead mu choinneamh leasachaidhean làraich-lìn, bu chòir dhuibh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh mar a leanas:

- A' cleachdadh suaicheantas a' Bhùird aig bonn gach duilleig air an làrach-lìn
- Ceangal a bhith air an t-suaicheantas dhan làrach-lìn againn ([www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot))

Nuair a tha làrach-lìn deiseil agaibh, nach leig sibh fios thugainn gus an urrainn dhuinn seo a thoirt am follais?

## Dreuchdan

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte taic a chur ri daoine ann an dreuchdan a tha a' cur na Gàidhlig air adhart. Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid mu choinneimh cosgaisean dreuchd a chumail, bu chòir dhuibh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh mar a leanas:

- Ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird ann an sanas-obrach agus tuairisgeul-obrach na dreuchd, agus cleachdadh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig ann an dealbhan sam bith co-cheangailte ris an t-sanasachd seo.
- Ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird ann an sgrìobhadh-ainm post-d an neach anns an dreuchd, còmhla ri suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig agus teachdaireachd: "Tha an dreuchd seo air a mhaoinachadh ann am pàirt le Bhòrd na Gàidhlig"

Bhithamaid cuideachd nur comain nam b' urrainn dhuibh fios a thoirt dhuinn nuair a thèid neach a chur san dreuchd gus an urrainn dhuinn seo a thoirt am follais còmhla ribh.

## Website

If you are in receipt of funding as a delivery partner or are funded to undertake website improvements then you should acknowledge Bòrd na Gàidhlig's funding as follows:

- Using the Bòrd logo at the bottom of each page of the website
- A link from the logo to our website ([www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot))

If you build a new website, please let us know when it's finished so that we can promote it for you.

## Employment positions

We are always delighted to support people in posts that help promote Gaelic. If you are receiving a grant towards the costs of maintaining an employment position, you should acknowledge Bòrd na Gàidhlig's financial support as follows:

- Acknowledge the Bòrd's funding in job advertisements and job descriptions, and use the Bòrd na Gàidhlig logo in any promotional images relating to the advertisement.
- Acknowledge the Bòrd's funding support in the post holder's e-mail signature, along with Bòrd na Gàidhlig's logo and message: "This post is part funded by Bòrd na Gàidhlig"

We'd also appreciate if you could let us know when someone is appointed to the role so that we can promote this along with you.

## Tachartasan & Foillsichidhean

Ma tha sibh a' faighinn taic-airgid mu choinneimh tachartas a chumail, no airson pròiseact agus ma tha sibh a' cumail tachartas no foillseachadh an lùib seo, bhitheamaid airson a bhith aig an tachartas còmhla ribh.

Mar sin bu chòir dhuibh cuireadh a thoirt do dh'oifigearan agus buill a' Bhùird tighinn dhan tachartas no bogadh co-dhiù mìos ro làimh gus an urrainn dhuinn riochdaire a chur air dòigh gus frithealadh.

Ann an cuiridhean sam bith do luchd-frithealaidh an tachartais no bogaidh, bu chòir suaicheantas a' Bhùird no aithneachadh iomchaidh eile a bhith ann gun tug am Bòrd taic dha.

Aig an tachartas no foillseachadh fhèin, bu chòir dhuibh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig aithneachadh mar a leanas:

- Ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird ann an òraidean sam bith a' fosgladh no a' dùnadh an tachartais
- A' cleachdadh suaicheantas a' Bhùird air dealbhan no bathar sanasachd sam bith ri linn an tachartais

## Brathan-naidheachd

Bhitheamaid tuilleadh is deònach bhur cuideachadh le bhith a' sgrìobhadh agus a' sgaoileadh a' bhrath-naidheachd agaibh. Bu chòir dhuibh innse dhan Bhòrd ro làimh gum bi am brath-naidheachd a' dol a-mach, agus bu chòir cothrom a thabhan ri oifigearan a' Bhùird gus aithris a thoirt seachad a thèid ann. Faodaidh sibh seo a chur gu [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot) no dhan Oifigear Chonaltraidh, Megan NicGill-Fhaolain aig [megan@gaidhlig.scot](mailto:megan@gaidhlig.scot)

## Events & Launches

If you are in receipt of funding towards an event, or a project and you are holding an event or launch related to this, we'd like to be there to enjoy the event with you.

If you can invite Bòrd officers and members to the event or launch at least a month beforehand we can arrange for a representative to attend.

In any invitations sent to attendees for the event, the Bòrd logo or an appropriate acknowledgement should be used to show the Bòrd's support.

At the event or launch, you should acknowledge Bòrd na Gàidhlig funding as follows:

- Acknowledge the Bòrd's funding in any opening or closing speeches
- Use the Bòrd's logo on any promotional images or marketing materials relating to the event

## Press releases

If you are planning to issue a press release relating to your project, we'd like to help you with writing and sharing it. You should inform the Bòrd in advance that you are working on a press release, and offer Bòrd officers the opportunity to provide a quote. You can send this to [fios@gaidhlig.scot](mailto:fios@gaidhlig.scot) or our Communications Officer, Megan McLellan, at [megan@gaidhlig.scot](mailto:megan@gaidhlig.scot)

Ann am brath-naidheachd a bhuineas ris a' phròiseact, bu chòir dhuibh aithneachadh gu soilleir gun deach am pròiseact a mhaoineachadh le sgeama taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig, le fiosrachadh air an sgeama agus an t-suim a chaidh a thabhan dhuibh.

## Meadhanan sòisealta

Ma tha sibh a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta gus am pròiseact agaibh a chur air adhart, bu chòir dhuibh tag a dhèanamh air cunntas oifigeil Bhòrd na Gàidhlig anns gach teachdaireachd/no dealbh gus am faod sinn an naidheachd a chur air beulaibh an luchd-leantainn againn.

Dèanaibh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan agaibh ri fhaighinn sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach gus an urrainn dhuinn an sgaoileadh.

Is iad na cunntasan oifigeil againn:

Twitter - [@bordnagaidhlig](#)

Facebook - [@bordnagaidhlig](#)

Instagram - [@bordnagaidhlig](#)

Bhitheamaid cuideachd nur comain nam b' urrainn dhuibh na hashtags airson an t-sruth-maoineachaidh bhon d' fhuair sibh an t-airgead a chleachdadh:

#TFC – Taic Freumhan Coimhearsnachd

#GLAIF – Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig

#Ealain – Maoin Ealain na Gàidhlig

#Colmcille

## Stuthan foillsichte

Bu chòir suaicheantas a' Bhùird a nochdadh air aghaidh stuthan foillsichte sam bith ri linn a' phròiseict (a' gabhail a-staigh bhileagan, postairean, prògraman, sanasan, sanasan air-loidhne).

Ma tha leasachadh de leabhar/leabhraichean air a mhaoineachadh leis a' Bhòrd, no air fhoillseachadh le taic a' Bhùird, bu chòir seo aithneachadh taobh a-staigh na duilleig-aghaidh (le cleachdadh suaicheantas a' Bhùird mar a tha iomchaidh).

Press releases relating to the project should clearly acknowledge that the project was funded by a Bòrd na Gàidhlig funding scheme, with details of the scheme and the amount of funding awarded.

## Social media

If you are using social media to promote your project, you should tag Bòrd na Gàidhlig's official accounts in all messages / or photos so we can share the message with our followers.

Please make sure that your messages are available in Gaelic or bilingually so that we can share them.

Our official accounts are:

Twitter - [@bordnagaidhlig](#)

Facebook - [@bordnagaidhlig](#)

Instagram - [@bordnagaidhlig](#)

We'd also appreciate if you can use hashtags related to the funding stream from which you received support:

#TFC – Taic Freumhan Coimhearsnachd

#GLAIF – Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig

#Ealain – Maoin Ealain na Gàidhlig

#Colmcille

## Published materials

The Bòrd's logo should appear on the front of any published materials during the project (including leaflets, posters, programs, ads, online ads).

If the development of a book/books are funded by the Bòrd, or published with the support of the Bòrd, this should be acknowledged inside the front cover (with the use of the Bòrd logo as appropriate). We would

Bhitheamaid cuideachd nur comain nan cuireadh sibh lethbhreac thugainn (ann an clò no gu h-eileagtronaigeach) nuair a tha e air fhoillseachadh.

## Rannsachadh

Bu chòir taic-airgid a' Bhùird a tha air a chleachdadh airson rannsachadh aithneachadh air a' chiad duilleag den aithisg fhoillsichte agus ann am foillseachaidhean no sanasan sam bith eile ri linn an rannsachaidh, le suaicheantas a' Bhùird air a chleachdadh air an duilleag-aghaidh.

## Soidhnichean

Ma tha sinn a' cur taic ri soidhnichean dà-chànanach mar phàirt de phròiseact, bu chòir a' Ghàidhlig nochdadh an tòiseach, ron Bheurla, agus bu chòir an suaicheantas againn nochdadh air (aig meud freagarrach nach toir cus aire air falbh bho teachdaireachd na soidhne).

## Aithisg bhliadhnail

Ma tha sibh a' faighinn taic bhuan mar bhuidheann chom-pàirteach, feumaidh sibh aithneachadh gun d'fhuair sibh taic bhuan anns an aithisg bhliadhnail agaibh.

## Dealbhan

Tha dealbhan an-còmhnaidh a' toirt blas nas fheàrr air pròiseact na teacsa a-mhàin, mar sin tha sinn airson ur brosnachadh gus mòran dhealbhan a thogail nuair a tha am pròiseact agaibh a' dol.

Bu mhath leinn gun cuireadh sibh beagan dhealbhan thugainn còmhla ris an aithisg dheireannach gus sealltainn mar a chaidh leibh leis a' phròiseact.

also be grateful if you could send us a copy (in print or electronically) once it has been published.

## Research

Funding provided by the Bòrd to support research should be acknowledged on the first page of the published report and in any related publications or advertisements related to the research, with the Bòrd's logo on the front page.

## Signage

If we support bilingual signage as part of a project, then Gaelic should appear first then English, and our logo should appear on the sign (at a suitable size so that it does not distract from the sign's message).

## Annual report

If you are receiving delivery partner funding, you must acknowledge that you received support from us in your annual report.

## Pictures

Pictures always provide a better insight into a project than text alone, as such we want to encourage you to take lots of pictures while your project is ongoing.

We'd like you to send some pictures to us along with your final report to show us how your project went.

Bu chòir cead a bhith agaibh bho dhuine sam bith sna dealbhan seo gum faod sibh an sgaoileadh, agus le bhith gan toirt dhuinn tha sibh a' ceadachadh gum faod sinne an cleachdadh ma thogras sinn air na meadhanan sòisealta no ann am foillsichidhean.

## Ceistean?

Tha sinn an dòchas gun cuidich seo sibh a' toirt deagh aithneachadh seachad mar phàirt den phròiseact agaibh, ach ma tha ceistean agaibh, no ma tha taic a dhìth oirbh ann a bhith a' sanasachd obair a' phròiseict agaibh, nach leig sibh fios dhuinn?

Cuiribh fios gu:

Megan NicGill-Fhaolain, Oifigear Conaltraidh  
[megan@gaidhlig.scot](mailto:megan@gaidhlig.scot) | 01463 725094

Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan  
[stevenk@gaidhlig.scot](mailto:stevenk@gaidhlig.scot) | 01463 725181

For these pictures, you should get permission from people in them to allow you to share them, and by providing them to us you provide us permission to use them on social media or in publications.

## Any questions?

We hope this helps support you in providing good acknowledgment as part of your project, but if you have any questions, or require any help in marketing your project, please feel free to get in touch.

You can contact:

Megan McLellan, Communications Officer  
[megan@gaidhlig.scot](mailto:megan@gaidhlig.scot) | 01463 725094

Steven Kellow, Funding and Projects Officer  
[stevenk@gaidhlig.scot](mailto:stevenk@gaidhlig.scot) | 01463 725181